


# Raghnall Reubaire agus an uilebheist



An teacsá Susan Akass • Dealbhan Ben Cort



# Raghnall Reubaire agus an uilebheist



An teacsá Susan Akass  
Dealbhan Ben Cort  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e reubaire a bh' ann an Raghnall.

'S e Gobag a bh' air a' phitheid aige.

Bha bàta-spùinnidh mòr aig Raghnall.

Aon là shèid agus shèid a' ghaoth.



Sìos agus suas chaidh am bàta.

Sìos agus suas chaidh Raghnall.

Sìos agus suas chaidh Gobag.



Cha do chaidil Raghnall.

Cha do chaidil Gobag.

“Tha mi airson faighinn às a’ bhàta seo,”  
thuirt Raghnall.



Fhuair Raghnall an teileasgop.

“Dè tha thu a’ faicinn?” thuirt Gobag.

“Tha mi a’ faicinn tonn mòr,” thuirt Raghnall.



“Dè tha thu a’ faicinn a-nis?” thuirt Gobag.  
“Tha mi a’ faicinn eilean beag,” thuirt Raghnall.



“An tèid sinn chun an eilein ud?” thuirt Raghnall.  
“Caidlidh mise ann an craoibh,” thuirt Gobag.



Leum Raghnall a-mach às a' bhàta.

Leum Gobag cuideachd.




“S toil leam an t-eilean seo,” thuirt Raghnall.

“Ach cha toil leamsa e,” thuirt Gobag.



“Cuidich mi,” thuirt Gobag.  
“Chan e eilean a tha seo idir.  
’S e th’ ann ach uilebheist!”



“Murt mhòr!” thuirt Raghnall, agus leum iad  
air ais dhan bhàta.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND JOHANNESBURG BLANTYRE  
GABORONE IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Susan Akass 1996

A' chìad foillseachadh 1996

99  
10 9 8 7 6 5 4

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo anns a' Ghàidhlig 2001 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Úghdarrasan a tha riochdaichte air MRG.  
Na còircean uile glèidhite, Chan fhaodar pùirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth  
sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Clò-bhuailte le Scotprint

LAGE/ISBN 0 86152 722 4